

Coinneamh: Coinneamh a' Bhùird
Ceann-là/Àm: 11 Dùbhlachd 2025 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

Chuir an Cathraiche fàilte air buill agus luchd-amhairc agus gu sònraichte air Calum Rothach, dhan chiad choinneimh aige den Bhòrd, mar phàirt den sgioba-obrach.

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Màiri NicAonghais [MTNA]
Seonaidh Charity [SC]
Rob Dunbar [RD]
John N Dòmhnallach [JND]
Michelle NicLeòid [MNL]
DK Mac a Phì [DKM]
Stewart MacLeòid [SML]

A' Frithealadh:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]
Calum Rothach, Ceannard Foghlaim is Phlanaichean [CR]

Leisgeulan:

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra [NP]

Geàrr-chunntas:

Nicola NicThòmais, Lasair Ltd

1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

Cha do nochd gin.

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Ionmhas

2.1. Aithisg Ionmhas

Bhruidhinn END ris a' phàipear leis nach robh NP an làthair. Thathas cofhurtail gun tèid cumail ris a' bhuidseat mar a chaidh aontachadh. Thig fios bhon Riaghaltas mu bhuidseat na h-ath-bhliadhna uaireigin sa bhliadhna ùr.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg ionmhais.

3. **Plana Corporra is Coileanadh**

3.1. Aithisg air adhartas leis am Plana Nàiseanta

A-mach à 35 gnìomhan, tha fianais ann gu bheil adhartas ga dhèanamh air 25. Tha am Plana a' dèanamh diofar agus thathas riarachaidh leis an adhartas gu ruige seo. Tha obair a dhith gu h-àraidh ann an raointean prìomhachais san dachaigh, a thaobh gnìomhachais agus an eaconamaidh agus a thaobh Fhoghlaim 0-18.

Chualas gun deach a' bhuidheann Adhartas nas Luaithe (*Faster Rate of Progress*) atharrachadh gu buidheann ùr 'TOG' agus gu bheil cuid a ghnìomhan a thigeadh bhon bhuidhinn sin bho seo air adhart. Bha an Ceannard agus IM an làthair aig a' choinneimh chur air bhog sin. Bha oifigearan den bheachd gum biodh na dleastanasan na bu shoilleire leis an Achd ùr, gu h-àraid a thaobh an Fhoghlaim. Dh'aontaich Buill gu bheil foghlam Gàidhlig fhèin cuideachd na phàirt mhòr de eaconomaidh sgìrean dhùthchail, a' cur, mar eisimpleir, ri dreuchdan maireannach.

Tha Plana Coimhearsnachd aig Iar-thuath Leòdhais agus obair leasachaidh ann an Uibhist leantainn. Tha gu leòr eile air ùidh a thogail agus beachdachadh air planaichean coimhearsnachd. Tha an obair a thaobh nan Sgìrean Sònraichte a' dol tarsainn obair nam planaichean agus thathas a' feitheamh air soilleireachadh a thaobh cò na sgìrean sònraichte a bhios ann.

Bidh *Visit Scotland Scotland, Alba Chruthachail agus Historic Environment Scotland* a' aithris mun ro-innleachd aca aig Tog.

Tha cuid de na beàrnan a' nochdadh air sàilleibh dìth fhianais seach dìth adhartais agus cuideachd far nach robh gnìomhan ma choinneimh cuid de phrìomhachasan ann am Plana an Riaghaltais.

Bha Buill ag aithneachadh cho dùbhlach sa tha e a bhith a' toirt buaidh air Gàidhlig san dachaigh. Tha obair nan Oifigearan gu math cudromach san t-seadh seo.

Fon Achd ùr bidh dleastanasan air a' Bhòrd a bhith a' cumail sùil agus ag aithris air adhartas nam buidhnean poblach.

Co-dhùnadh: Thugadh Buill fa-near don aithisg adhartais. Dh'aontaich Buill am fiosrachadh ullachadh airson an Riaghaltais.

3.2. Foghlam & Ionnsachadh

Tha obair a' dol a thaobh nan Tràth Bhliadhnaichean le beachd modail cùram 0-3 a ghluasad gu ùghdarrasan. Tha coinneamh air fàire le GLAN a' coimhead air trusadh agus glèidheadh thidsearan.

Co-dhùnadh: Thug Buill fa-near don aithisg Foghlaim is Ionnsachaidh.

3.1. Prìomhachasan Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean

4. Rianachd Mhì-chinntean

4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

Cha robh gus gluasad anns a' chairteil mu dheireadh. Chaidh an clàr tron Chomataidh Sgrùdaidh. Tha fòcas an-dràsta air buidseat na h-ath bhliadhna.

'S e cunnart ùr agus cudromach a tha ann an 6. *Systems failure leading to data breach* agus bha a' chomataidh sgrùdaidh airson barrachd tuigse fhaighinn bhon Oifigear Dàta. Thig i dhan ath choinneimh den Chomataidh Sgrùdaidh. Tha tòrr trèanadh a' dol a thaobh a' chuspair seo san sgioba.

Bhiodh trèanadh dhan Bhòrd feumail cuideachd agus dh'aontaich an Ceannard coimhead ris a seo. [END] Tha an Ceannard comhfhurtail gu bheilear a' dèanamh na bu chòir a thaobh nam puingean seo.

Co-dhùnadh: Dh'aontaich Buill ris a' chlàr mhì-chinntean.

5. Cùisean Corporra

5.1 Conaltradh le Luchd-ùidh

Tha pasganan conaltraidh a-nise a' dol gu Buill gach mìos le fios air na meadhanan agus conaltradh. Chaidh a mholadh nach biodh pàipear ri ullachadh mu choinneimh conaltraidh sa chlàr-ghnothaich mura èirich puing sònraichte no ro-innleachdail.

Chaidh cùmhnant taic conaltraidh a thoirt do *True North Ltd* às dèidh pròiseas solarachaidh tro Cùmhnantan Poblach na h-Alba. Tha an cùmhnant seo ag amas air obair oifigearan leasachaidh na Gàidhlig a shoilleireachadh, a bharrachd air iomairt gus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh.

Tha sgrùdadh a' dol fhathast air tairgsean an làrach-lìn.

Co-dhùnadh: Dh'aontaich Buill leis a' phàipear mu luchd-ùidh.

Dh'aontaich Buill leis a' mholadh gun a bhith ag ullachadh pàipear mura h-eil cuspair sònraichte ri thogail.

5.2. Achd nan Cànanan Albannach

The Scottish Languages Act 2025 (Commencement No 1) Regulations 2025

A bharrachd air fios sa phàipear, chuirear fàilte air a' bhuidheann ùr TOG a chaidh a chur air bhog na bu tràithe san t-seachdain.

Thig dreach stiùireadh bhon Riaghaltas air na Sgìrean Sònraichte a-mach gu Buill airson am beachdan. Thathas an dòchas gun nochd an stiùireadh an t-seachdain seo fhèin. Tha e cudromach gun cuir na Buill an cuid beachdan a-steach – chan fhaighear ach aon chothrom air seo agus tha cunnart ann mura tig adhartas math leis.

Bha Buill air am brosnachadh gu bheil còmhraidhean feumail air a bhith a' dol eadar am Bòrd agus Ceit Fhoirbeis. Tha na h-ìrean cànan cudromach a thaobh nan Sgìrean Sònraichte agus tha beagan soilleireachaidh a dhìth.

Dh'fhaighnich Buill am biodh buaidh aig an Achd air dreuchdan san sgioba. Chaidh dearbhadh gun deach atharrachaidhean a dhèanamh taobh a-staigh an sgioba mu thràth, ri linn na h-Achd.

Tha pìosan san Achd mu dheidhinn taic maoinachaidh ach chan e airgead ùr a th' ann. Bhiodh uallaichean a bharrachd air a' Bhòrd a thaobh measadh cur an gnìomh inbhean airson nam Planaichean agus bho seo a-mach bidh barrachd obair mheasaidh a dhìth.

Co-dhùnadh: Thug Buill fa-near don fhiosrachadh mun Achd.

5.3. Prògram Choinneamhan 2026/27

Thugar fa-near am prògram choinneamhan airson 2026/27.

Co-dhùnadh: Dh'aontaich Buill ris a' phrògram.

6. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

6.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Thugar fa-near plana-obrach a' Bhùird airson 2026/27 agus thigeadh conaltradh far a' chlàr mura biodh gnothaich ro-innleachdail ri thogail.

Co-dhùnadh: Dh'aontaich Buill ris a' phlana-obrach.

7. GISBE Ceann-là na h-ath choinneimh: TBC

Cha deach dad a thogail.

Ceann-là na h-ath choinneimh: Ri aontachadh

Thug an Cathraiche taing dhan sgioba agus dhùn a' choinneamh aig 10.55m.